



**Ainmean-Àite na h-Alba**  
Gaelic Place-Names of Scotland

# Poileasaidh Ainmean-Àite Gàidhlig

Air ùrachadh: Am Màrt 2020

## Geàrr-ionradh na Sgrìobhainn

Tha an sgriobhainn seo a' cur adhbhar agus mìneachadh an cèill air mar a bhios *Ainmean-Àite na h-Alba* (AAA) a' dèiligeadh ri ainmean-àite na chuid mholaidhean air ainmeachadh Gàidhlig ann an Alba.

## Clàr-innse

1	Ro-ràdh .....	2
1.1	Eachdraidh .....	2
1.2	Com-pàirtichean agus Comataidh .....	3
1.3	Amasan agus Cinn-uidhe .....	3
1.4	An Stòr-dàta.....	3
1.5	Adhbhar na Sgriobhainne seo .....	3
1.6	Dè th' ann an Ainm-àite Gàidhlig? .....	4
2.	Poileasaidh air Ainmeachadh Dà-chànanach.....	4
2.1	Ainm aig a Bheil Tùs Gàidhlig.....	4
2.2	Ainm Stèidhichte .....	4
2.3	Ainm Neo-Ghàidhlig ann an Àrainneachd Ghàidhlig .....	4
2.4	Ainmean Fighte .....	5
2.5	Ainm air Iarrtas .....	5
3.	Ceart-sgriobhadh .....	5
3.1	Prionnsapalan Coitcheann .....	5
3.2	Tàthanan agus Mòr-litrichean.....	6
3.3	Ainmean Pearsanta .....	7
3.4	Ainmean aig a Bheil Tùs Lochlannais.....	8
3.5	Liosta de Mhodhan Litreachaidh .....	9
4.	Stiùireadh Eadar-theangachaидh .....	9
4.1	Gràmar Ainmean-àite .....	9
4.2	Stiùireadh air Gnàthachadh .....	10
4.3	Briathran Eadar-theangachaидh .....	13
4.4	Ainmean air Leasachaidhean .....	13
5.	San Dealachadh .....	13
6.	Eàrr-ràdh .....	14
6.1	Briathran a thathar a' moladh .....	14
6.2	Liosta de Bhriathran Teignigeach .....	14
6.3	Modhan is Pròsasan Rannsachaидh .....	15
6.4	Tùsan na Sgriobhainne seo.....	16

# 1 Ro-ràdh

## 1.1 Eachdraidh

Ann an 2000, chuir an t-Suirbhidh Òrdanais/Ordnance Survey (OS) an cèill gun robh grunn ainmean-àite Gàidhlig air a cuid mhapaichean ceàrr agus, ann an cuid a shuidheachaidhean, neo-chunbalach thar nan diofar sgèilean. Bha an suidheachadh seo air nochdadadh a chionn is gur ann anns an 19mh linn a chaidh a' mhòr-chuid de dh'ainmean nam feartan nàdarra a chruinneachadh agus gun deach an ath-sgrùdadh a rèir modh litreachaidh Gàidhlig deireadh nan 1960an is toiseach nan 1970an. Tha ath-sgrùdaidhean eile air a bhith ann bhon uair sin.

Fhuaradh comhairle bho ghrunn eòlaichean: an Dr Roy Wentworth, an t-Oll. Richard Cox, an t-Oll. W. F. H. Nicolaisen, Mgr Ian Friseal, an Dr Peadar Morgan, an t-Oll. David Rothach, an Dr Ian R. White agus an Dr Simon Taylor. Dh'aontaich iad gum bu chòir don OS buidheann air am biodh Comataidh Cho-obrachaidh Ainmean Gàidhlig/Gaelic Names Liaison Committee (GNLC) a chur air bhonn. Chaidh ciad choinneamh na buidhne a chumail anns an Iuchar 2000. Bhrosnaich an t-Suirbhidh Òrdanais gun deigheadh an GNLC a leasachadh is iad ag aithneachadh nam buannachdan an cois stòr-dàta ùghdarrasail air ainmean-àite Gàidhlig.

Dh'fhoillsich an t-Suirbhidh Òrdanais am Poileasaidh air Ainmean Gàidhlig (*Gaelic Names Policy*) aice anns an t-Samhain 2000 (air ùrachadh 2015). Tha am poileasaidh seo a' cur an cèill frèam-obrach an OS a thaobh a bhith a' cleachdadadh ainmean Gàidhlig. Tha duilleagan air làrach-lìn an OS le fiosrachadh mionaideach air cùisean co-cheangailte ri ainmean Gàidhlig na cuid fhoillseachaidhean, m.e. Taylor 2005, anns a bheil liosta de dh'eileamaidean Gàidhlig air na mapaichean aca. Tha fiosrachadh air an làraich-lìn cuideachd air sgaoleadh nan ainmean-àite Gàidhlig.

Ann an 2003, nuair a chuir Riaghaltas na h-Alba poileasaidh shoidhnichean dà-chànanach an gnìomh air taobh siar na Gàidhealtachd, dh'iarradh air an GNLC ainmean Gàidhlig a rannsachadh do na soidhnichean. Ann an 2005, chuir an OS prògram deuchainn an sàs gus ainmean-àite Gàidhlig na cuid dàta ath-sgrùdadh agus ùrachadh. Chuir builean a' phrògraim seo ris an tuilleadh leasachaidh air a' Phoileasaidh air Ainmean Gàidhlig gus cunbalachd ann an ainmean thar bhathar an OS a dhaingneachadh.

Chaidh dleastanas an GNLC am meud agus chaidh a dhleastanas a stèidheachadh às ùr ann an 2006 nuair a chaidh an com-pàirteachas Ainmean-Àite na h-Alba (AÀA) a chur air bhonn. Bhon uair sin, chaidh iarraidh air AÀA a bhith a' rannsachadh ainmean-àite Gàidhlig air soidhnichean sràide, togalaich is frith-rathaid dà-chànanach fhad 's a bha comhairlean is buidhnean poblach eile a' cur an cuid phlanaichean Gàidhlig an sàs. Ann an 2008, bha dithis luchd-obrach ag obair aig AÀA, Manaidsear Pròiseict agus Rannsaiche. Ann an 2010, chaidh a stòr-dàta nàiseanta de dh'ainmean-àite Gàidhlig fhoillseachadh air-loidhne agus bithear a' cur ris gu cunbalach fhathast. Bho 2012, tha AÀA air grunn leabhranan stèidhichte air sgìrean eadar-dhealaichte ann an Alba fhoillseachadh an com-pàirteachas ri Dualchas Nàdair na h-Alba, le taic a bharrachd bho Shoillse.

## 1.2 Com-pàirtichean agus Comataidh

’S e eòlaichean ùghdarrasach agus luchd-cleachdaidh ainmean-àite Gàidhlig a tha ann an com-pàrtichean AÀA; aig àm foillseachaidh, ’s iad seo Àrainneachd Eachdraidheil Alba, Bòrd na Gàidhlig, Comann Ainmean-Àite na h-Alba, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid, Comhairle nan Eilean Siar, Dualchas Nàdair na h-Alba, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean, Pàrlamaid na h-Alba, Riaghaltas na h-Alba agus An t-Suirbhidh Òrdanais.

Tha AÀA ga stiùireadh le comataidh air a bheil eòlaichean sgoileireil agus riochdairean gach com-pàrtiche. ’S e Bòrd na Gàidhlig a phrìomh bhuidheann maoineachaidh; tha an taic seo a’ leigeil le AÀA seirbheisean a thoirt seachad aig prìs nas ìse.

## 1.3 Amasan agus Cinn-uidhe

’S e AÀA an com-pàirteachas comhairleachaidh nàiseanta airson ainmean-àite Gàidhlig ann an Alba. Thèid eòlas ionadail is eachdraidheil agus prionnsabalan stèidhichte a chur gu feum ann a bhith a’ moladh riochdan iomchaidh de dh’ainmean-àite Gàidhlig a chleachdar air soidhnichean, mapaichean agus ann am foillseachaidhean eile.

’S iad amasan agus cinn-uidhe a’ chom-pàirteachais AÀA a bhith:

- a) a’ sònachadh riochdan ùghdarrasail de dh’ainmean-àite Gàidhlig air feadh na h-Alba le iomradh air rannsachadh air riochdan eachdraidheil agus le dearbhadh bho chleachdadhlàthaireach,
- b) a’ cur litreachadh Gàidhlig cunbalach an sàs ann an ainmean-àite,
- c) a’ moladh gun gabhar ris na riochdan seo de dh’ainmean-àite Gàidhlig,
- d) a’ stèidheachadh stòr-dàta nàiseanta de riochdan Gàidhlig,
- e) a’ toirt stòr-dàta nàiseanta Gàidhlig gu buil ceum air cheum le cleachdadhlair-loidhne,
- f) a’ brosnachadh is a’ libhrigeadh cleachdadhlair-loidhne den stòr-dàta nàiseanta mar a thèid a dhèanamh,
- g) a’ comhairleachadh air cruth nan soidhnichean air a bheil ainmean Gàidhlig.

## 1.4 An Stòr-dàta

’S e goireas nàiseanta a th’ ann an stòr-dàta AÀA airson ainmean-àite Gàidhlig is airson fianais nam molaidhean a ghleidheadh agus a chur air adhart. ’S e stòras foghlaim fior chudromach a th’ ann far an tèid beartas de dhualchas eachdraidheil, àrainneachdail is cànanachais na h-Alba a thasgadh. Tha e ri lorg aig [www.ainmean-aite.scot](http://www.ainmean-aite.scot).

## 1.5 Adhbhar na Sgrìobhainne seo

Tha an sgrìobhainn seo air a dealbhadh gus an tèid riochdan Gàidhlig de dh’ainmean-àite a shònachadh ann an dòigh cho-òrdanaichte aig ère nàiseanta agus, mar thoradh air sin, gus an tèid am buaidh air leasachadh is cleachdadhlair-loidhne am meud agus gus am bithear a’ lùghdachadh na h-ùine agus na mì-chinnt do dhaoine a bhios a’ cur phoileasaidhean an sàs sam bi ainmean-àite Gàidhlig a’ nochdadhlair.

Tha e fa-near don sgrìobhainn seo cuideachd gum bi a chreideas aig riochdan nan ainmean-àite am measg an dà chuid luchd-labhairt na Gàidhlig agus daoine aig nach eil a' Ghàidhlig agus gun tèid cleachdadhbh coitcheann fhasachadh.

## 1.6 Dè th' ann an Ainm-àite Gàidhlig?

Air adhbharan na sgrìobhainne seo, tha ainm-àite Gàidhlig a' ciallachadh ainm-àite a bhios luchd-bruidhinn na Gàidhlig a' cleachdadhbh nuair a bhruidhneas iad a' Ghàidhlig, às bith dè an tùs cànanach aige, agus a tha air a riochdachadh ann an litreachadh Gàidhlig. Chan fheum tùs Gàidhlig a bhith aig an ainm no an t-ainm a bhith air a chruthachadh le luchd-bruidhinn na Gàidhlig. (Faic 6.2.)

## 2. Poileasaidh air Ainmeachadh Dà-chànanach

'S e amas a' phoileasaidh seo gun tèid comhairle chunbalach a chruthachadh gus ainmeachadh dà-chànanach a cheangal gu dlùth ri freumhachadh cànanachais. Tha buannachdan mar a leanas an lùib teannachadh a' phoileasaidh seo:

- a) a bhith a' dearbhadh ainmeachadh dà-chànanach a rèir shlatan-tomhais dearbhte tro rannsachadh a ghabhas dòn ro ionnsaigh ro-thaobhach,
- b) a bhith a' comharrachadh làthaireachd eachdraidheil na Gàidhlig air feadh na dùthcha,
- c) a bhith a' ceangal poileasaidh nàiseanta, cho fad 's a ghabhas, ri poileasaidh na buidhne cleachdaidh as mothà, Comhairle na Gàidhealtachd,
- d) a bhith a' gleidheadh phàtranan ainmeachaидh tradaiseanta Gàidhlig, agus a bhith a' brosnachadh cleachdadhbh le luchd-bruidhinn na Gàidhlig a tha cleachdte gu nàdarra ris na pàtranan seo, le bhith a' stèidheachadh a' phoileasaidh ainmeachaидh air cleachdadhbh tradaiseanta.

Tha ainmeachadh dà-chànanach iomchaidh anns gach suidheachadh ann an Alba far a bheil co-dhiù aonan de na leanas a' beantainn ri ainm Beurla:

### 2.1 Ainm aig a Bheil Tùs Gàidhlig

Ainm air a thoirt às a' Ghàidhlig le tras-litreachadh no eadar-theangachadh (gu h-iomlan no cuid dheth).<sup>1</sup>

### 2.2 Ainm Stèidhichte

Ainm aig a bheil riochd Gàidhlig a tha ga chleachdadhbh gu tradaiseanta no anns an latha an-diugh.<sup>2</sup>

### 2.3 Ainm Neo-Ghàidhlig ann an Àrainneachd Ghàidhlig

Ainm suidhichte am measg àitichean eile air a bheil ainmean Gàidhlig agus dha bheil fianais airson riochd cho-shìnte dha leithid de riochd Gàidhlig.<sup>3</sup> (Faic 6.2. airson mìneachadh a bharrachd air àrainneachd Ghàidhlig.)

<sup>1</sup> M.e. KinCraig ~ Ceann na Creige (NH694702); Dalswinton ~ Dail Shuantain (NX941854).

<sup>2</sup> M.e. Tain ~ Baile Dhubhthaich (NH780822); Livingston ~ Baile Dhunlèibhe (NT039678).

<sup>3</sup> M.e. Milton ~ Baile a' Mhuilinn (iomadh eisimpleir).

## 2.4 Ainmean Fighte

Ainm anns a bheil ainmear, buadhair no ainm-àite fighte ris am bithear a' dèligeadh mar fhacal fa leth agus far an urrainnear ainm Gàidhlig a chruthachadh (le mùthadh gràmair iomchaidh).<sup>4</sup>

## 2.5 Ainm air Iarrtas

Ainm no riochd Gàidhlig a chaidh a chruthachadh a dh'aon ghnothach gus iarrtas a fhreagairt.<sup>5</sup> Cha bhi gnothach aig ainmean thaighean ri seo. (Faic 4.4.)

# 3. Ceart-sgrìobhadh

Bu chòir ainmean a litreachadh a rèir modh litreachaidh coitcheann an latha an-diugh, a' cumail ri Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig/Gaelic Orthographic Conventions (GOC). Bu chòir cumail ris na puingean a leanas cuideachd:

## 3.1 Prionnsapalan Coitcheann

### 3.1.1 Eòlas Ionadail

Faodar modh litreachaidh eile a mholadh far an tèid beachd muinntir an àite a chur an cèill gu soilleir.<sup>6</sup>

### 3.1.2 Dualchainnt

Bu chòir riochdan dualchainnteach fa leth – a leithid gnè fhaclan<sup>7</sup> (faic 4.1.3) – a ghleidheadh a rèir cleachdaidh ùghdarrasail. (Faic 1.2 san Èarr-ràdh Liosta Litreachaidh, sgrìobhainn fa leth, airson riochdan eile a ghabhas cleachdadadh.)

### 3.1.3 Litrichean Mùthte

Bu chòir fuaimreagan is connragan mùthte a shealltainn mar as àbhaist (mar sin, cha bu chòir asgair a chur nan àite<sup>8</sup> no an dubhadh às), ach anns an riochd a' aig an alt.

### 3.1.4 Fuaimreag Dheiridh

Faodar fuaimreag dheiridh a chur ri ainm-àite no eileamaid<sup>9</sup> no a dubhadh às<sup>10</sup> far a bheil fianais ionadail earbsach ann air a call no air cleachdadadh cunbalach.

<sup>4</sup> M.e. North Ronaldsay ~ Ronaldsay a Tuath (HY7654); Cotton of Balnamoon ~ Cotton Bhaile na Mòna (NO541635).

<sup>5</sup> M.e. Hartwood ~ Coille an Daimh (NS848590).

<sup>6</sup> M.e. An Gearasdan seach An Gearastan (NN1174).

<sup>7</sup> M.e. Rathad a' Mhuiillin (Mheadhanaich) (NH673452), Rathad na Muilne (NB420342).

<sup>8</sup> M.e. Rubha an Dùin seach Rubh' an Dùin (NR256587); Achadh nan Carragh seach Ach' nan Carragh (NM409555).

<sup>9</sup> M.e. An Locha Dubh (NF821723) seach An Loch Dubh.

<sup>10</sup> M.e. bhite an dùil ri Camas na Muice ach 's e Camas na Muic riochd chunbalach an OS (NN155614).

### 3.1.5 Caochladh Mhodhan Litreachaidh

Bu chòir ainm aig a bheil caochladh mhodhan litreachaidh sa Ghàidhlig a riochdachadh a rèir a' mhìneachaidh as coltaiche a rèir an eòlais as fheàrr.<sup>11</sup> (Faic 3.4.8.)

## 3.2 Tàthanan agus Mòr-litrichean

### 3.2.1 Dà (no Barrachd) Eileamaid Ghàidhlig

Bu chòir ainm anns am bi dà (no barrachd) eileamaid Ghàidhlig a' nochdad seo a shealltainn na litreachaidh, ach far an tèid a sgrìobhadh mar-aon air sgàth a' phàtrain beuma.<sup>12</sup>

### 3.2.2 Faclan fa Leth

Bu chòir ainmean a litreachadh le ceann-litir mhòir aig gach facal fa leth ach anns na suidheachaidhean gu h-ìosal.

### 3.2.3 Eileamaidean an Dèidh Tàthain

Bu chòir ceann-litir mhòr a chleachdad dh ann an eileamaid an dèidh tàthain.<sup>13</sup>

### 3.2.4 Litrichean Beaga

Bu chòir na leanas a sgrìobhadh ann an litreachan beaga:

#### 3.2.4.1 Roimhearan

Roimhearan a nochdas ann am meadhan ainmean-àite.<sup>14</sup>

#### 3.2.4.2 An t-Alt

An t-alt ann an suidheachadh neo-thoisich.<sup>15</sup>

#### 3.2.4.3 *t-* agus *h-*

*t-* agus *h-* mar a nochdas iad ann an cuid a shuidheachaidhean gràmair.<sup>16</sup>

#### 3.2.4.4 *a* agus *an*

*a* agus *an* nuair a nochdas iad mar leasachaidhean àirde.<sup>17</sup> (Faic an liosta aig 6.1.)

<sup>11</sup> M.e. Knocknamad ~ Cnoc nam Bad. (NX364580) Bha srònachadh ann an Gàidhlig Ghall-Ghàidhealaibh agus *m + b* còmhla gam fuaimneachadh mar *m*. Ach cha deach an riochd Cnoc nam Bad fhèin a dhearbhadh.

<sup>12</sup> M.e. Glasdrum ~ An Glasdruum (NN013461).

<sup>13</sup> M.e. Glendaruel ~ Gleann Da-Ruail (NR9985).

<sup>14</sup> M.e. Loch gun Tòin (NH532501); Dail bho Dheas (NB483611).

<sup>15</sup> M.e. Allt nan Corp (NG713406).

<sup>16</sup> M.e. An t-Òban (NM858298), Rubha an t-Sasannaich (NM705424), Sròn na h-Àirde Duibhe (NG705410).

<sup>17</sup> M.e. Orcleit an Ear (NB117307), Uibhist a Deas (NF73).

## 3.3 Ainmean Pearsanta

Bu chòir dèiligeadh ri ainm-àite anns am bi ainm pearsanta a' nochdadh a rèir GOC, agus bu chòir na prionnsapalan a leanas a chleachdadadh no a sheachnad mar as iomchaidh:

### 3.3.1 *Mac agus Nic*

Ma bhios ainm pearsanta a thòisicheas le *Mac* no *Nic* (no *Ni'*, a thèid a leudachadh gu *Nic*) a' riochdachadh ainm teaghlaich, cha bu chòir beàrn fhàgail an dèidh *Mac/Nic* agus bu chòir mòr-litrichean a chleachdadadh na bhroinn,<sup>18</sup> ach, ma bhios e a' riochdachadh ainm sinnsire (m.e. X *mac* Y no X *nighean* Y), bu chòir beàrn a chur ann.<sup>19</sup> Ma tha teagamh no mì-chinnt ann, bu chòir an t-ainm a sgrìobhadh gun bheàrn.<sup>20</sup>

### 3.3.2 *Gille-* agus *Maol-*

Bu chòir an cleachdadadh a leanas a leantainn airson a leithid a dh'ainmean pearsanta, ma tha litreachadh soilleir is cunbalach a dhìth: bu chòir *Gille-* agus *Maol-* a litreachadh gun bheàrn is gun mhòr-litrichean, i.e. *Gillebride*, *Maoliosa* agus mar sin air adhart.<sup>21</sup>

### 3.3.3 *O'*

Tha cuid a dh'ainmean teaghlaich is àite ann an Alba anns am bi *O'* (*ogha*) a' nochdadh, ged nach eil e cho cumanta an Alba 's a tha e ann an Èirinn. Bu chòir a litreachadh mar *Ò* le beàrn na dhèidh agus an eileamaid a leanas gun sèimheachadh gun chaolachadh.<sup>22</sup> 'S e *Ò* an riochd ginideach a th' aig an eileamaid seo cuideachd. (Faic 4.2.3.3 far a bheil mìneachadh air ainmean teaghlaich Èireannach.)

### 3.3.4 *Mo* agus *Do*

Nuair a chuirear *mo* agus *do* ri toiseach ainm naoimh, cha bu chòir beàrn a chur ann. Bu chòir mòr-litir a bhith aig toiseach na h-eileamaid a leanas.<sup>23</sup>

### 3.3.5 Suidheachaidhean Àraidih

Faic 3 san Eàrr-ràdh Liosta Litreachaidh.

<sup>18</sup> M.e. MacAilein, NicDhòmhnaill.

<sup>19</sup> M.e. Mac Ailein, Nic Ailein.

<sup>20</sup> GOC 11e: "Surnames including Mac and Nic should be written as one word, but with a capital letter on the second and any succeeding elements: MacAilein, MacCoinnich/MacChoinnich, MacDhòmhnaill, MacIlleMhaoil, NicIlleDhuinn, NicLeòid, NicThòmais. Exceptions are surnames which include the definite article: Mac a' Ghobhainn, Mac an Aba, Nic a' Phearsain".

<sup>21</sup> M.e. Port Ghillebride (NR286554).

<sup>22</sup> M.e. Ò Duibhne, seann ainm air sliochd nan Caimbeulach.

<sup>23</sup> M.e. Kimaluag ~ Cille MoLuaig (NG427739)

## 3.4 Ainmean aig a Bheil Tùs Lochlannais

### 3.4.1 *dalr*

Bu chòir eileamaid stèidhichte air an fhacal *dalr* ‘gleann’ anns an Seann Lochlannais a sgrìobhadh mar *-dal* nuair a bhios e stèidhichte air ainm Seann Lochlannais sam bi e a’ nochdadh mar eileamaid choitchinn agus far am bi e a’ nochdadh anns an riochd bhunasach aig ainm Gàidhlig.<sup>24</sup> <sup>25</sup> ’S e *-dail* an riochd ginideach aig a leithid a dh’ainm.<sup>26</sup> Ach, ma tha *-dail* clàraichte san tuiseal bhunasach aig muinntir an àite gu cunbalach agus/no ma bhios e a’ riochdachadh na chanas muinntir an àite, bu chòir a chumail. (Faic cuideachd 3.11 san Eàrr-ràdh Liosta de Bhriathran, sgrìobhainn fa leth.)

### 3.4.2 *setr no sætr*

Faodar na h-eileamaidean seo a chur an cèill mar *Siadar*, *-seadar* no *-sadar* a rèir cleachdadadh na sgìre.<sup>27</sup>

### 3.4.3 *fjorðr*

Bu chòir ainmean a bhios a’ crìochnachadh leis an eileamaid seo a litreachadh *-rt* seach *-rd*. Ma tha an fhuaim [f] a dhìth, chan fheumar *-fh-* a chur san litreachadh Ghàidhlig.<sup>28</sup> <sup>29</sup>

### 3.4.4 *-b-* agus *-p-*

Bu chòir ainmean anns am bi eileamaidean Lochlannais a nochdas ann an sudheachadh gun bheum mar *-b-* no *-p-* a litreachadh a rèir cleachdadadh litreachaidh stèidhichte. Tha seo a’ bualadh gu h-àraidh air ainmean anns am bi na h-eileamaidean *ból*, *bólstaðr* no *pollr* a’ nochdadh.

### 3.4.5 *geodha*

Nuair a bhios an eileamaid *gjó* ‘geodha’ a’ nochdadh ann an ainm-iasad Lochlannais anns a’ Ghàidhlig, bu chòir a litreachadh aig deireadh an fhacail mar *-geo* no *-geadh*, mar as iomchaidh.<sup>30</sup> ’S e *geodha* litreachadh an fhacail Ghàidhlig a tha stèidhichte air an fhacal Lochlannais *gjó*.

### 3.4.6 Ainmean a’ tòiseachadh le *H*

Bu chòir ainmean aig a bheil tùs Lochlannais a bhios a’ tòiseachadh le *h* san Lochlannais, agus aig a bheil [h] aig muinntir na sgìre, a riochdachadh mar *H* agus cha bu chòir a litreachadh mar *Th* no *Sh*.<sup>31</sup>

<sup>24</sup> M.e. Armadale ~ Armadal (NC785646) às an t-Seann Lochlannais *Ormadalr* ‘gleann nathrach’.

<sup>25</sup> GOC 3a: “An exception would arise in a compound place name where the final element is dal or dail, eg Gramasdal, Lacasdal, Loch Baghasdail.”

<sup>26</sup> M.e. Beàrnasdal ach Bruach Beàrnasdail (NF647020).

<sup>27</sup> M.e. Flashader ~ Flaiseadar às an t-Seann Lochlannais *flat-sætr* ‘àite-còmhnaidh còmhnhard’ (NG351531).

<sup>28</sup> M.e. Eynort ~ Aoineart (NG383270) à eileamid dhoilleir san t-Seann Lochlannais + *fjorðr* ‘loch mara’. Faic Cox 2007, 82.

<sup>29</sup> Faic Cox 2007, 22–23, “On the assumption that the derivation from ON *fjorðr* is correct ... the Gaelic pronunciations appear to be reflexes of EG – *rðl* (sometimes written *-rt*) /Rd/.” Bidh Cox a’ litreachadh a leithid a dh’ainmean le *-rt*, tdd. 81–88.

<sup>30</sup> M.e. Sloc Greiligeo (NL560794).

<sup>31</sup> M.e. Héabhal seach Sheabhal (NF767271).

### 3.4.7 Connragan Suathach Tòisich Eile

Bu chòir ainmean aig a bheil tùs Lochlannais a bhios a' tòiseachadh le [v] a riochdachadh sa Ghàidhlig mar *Bh.*<sup>32</sup>

### 3.4.8 Ainmean aig a bheil Tùs Lochlannais

Bu chòir ainmean aig a bheil tùs Lochlannais aig a bheil grunn mhodhan litreachaidh a litreachadh sa Ghàidhlig ann an dòigh a bhios a' riochdachadh an tùs Lochlannais, nuair a bhios sin iomchaidh agus freagarrach do mhuinnir an àite.<sup>33</sup> (Faic 3.1.5.)

### 3.4.9 Eileamaidean aig a bheil Tùs Lochlannais

Bu chòir ainmean anns am bi an eileamaid dheiridh Lochlannais -*ey* ‘eilean’ a’ nochdad a litreachadh mar -*aigh* no -*eigh* seach -*idh* gus an cuirear am fuaimneachadh fosgailte suaicheanta [a] an cèill.<sup>34</sup>

### 3.4.10 An Riaghait Litreachaidh

Faodar an riaghait ‘leathann ri leathann is caol ri caol’, mar a tha i air a mìneachadh ann an GOC, Earrannan 1 is 2, a bhriseadh ann a bhith a’ litreachadh ainmean Lochlannach.<sup>35</sup>

## 3.5 Liosta de Mhodhan Litreachaidh

Faic san Èarr-ràdh Liosta Litreachaidh, sgrìobhainn fa leth.

## 4. Stiùireadh Eadar-theangachaidh

Bu chòir fianais dhìreach à riochdan Gàidhlig a chleachdad far a bheil i ri faotainn. Ma tha fianais dhìreach no neo-dhìreach ann, bu chòir a cur gu feum mas urrainnear.<sup>36</sup> Nuair nach eil riochd ga chleachdad gu dìreach mar fhianais agus nuair a tha an t-ainm ri eadar-theangachadh (faic 2.3 gu 2.5 gu h-àrd), bu chòir an stiùireadh a leanas a leantainn a bharrachd air na prionnsapalan litreachaidh gu h-àrd.

### 4.1 Gràmar Ainmean-àite

Bidh ainmean-àite Gàidhlig a’ cumail ri gràmar coitcheann a’ chànan mar as àbhaist. Bu chòir toirt an aire do na puingean a leanas:

<sup>32</sup> M.e. Waterish ~ Bhatarnais (NG2659) às an t-Seann Lochlannais *vatns-nes* ‘rubha uillt’.

<sup>33</sup> M.e. bu chòir ainmean anns am bi an eileamaid *fjall* a’ nochdad a litreachadh le -*bh-* seach -*mh-*. Beinn Tartabhaill seach Beinn Tart a’ Mhill (NR209569).

<sup>34</sup> M.e. faic GOC 2009, 11: “Bearnaraigh, Èirisgeigh.”

<sup>35</sup> M.e. Blaven ~ Blàbheinn (NG529217).

<sup>36</sup> M.e. bu chòir Burnside, ri taobh an uillt air a bheil An t-Alt Odhar, a thionndadh mar Bhruach an Uillt, a’ cleachdad na h-eileamaid *allt*, seach Bruach a’ Chaochain no eile.

### 4.1.1 Ainmean-àite Suidhichte

Nuair a bhios ainm-àite suidhichte am broinn ainm-àite eile, bu chòir an t-ainm-àite suidhichte a bhith anns an tuiseal ghinideach.<sup>37</sup> Ann an cumantas, mas e feart cruinn-eòlach a th' ann, cha bu chòir a shèimheachadh.<sup>38</sup> Bu chòir ainmean tuineachaид (ach ainmean thaighean) no ainmean sgìrean a shèimheachadh,<sup>39</sup> a rèir cleachdaidh choitchinn, nuair nach tòisich riochd freumhach an ainme leis an alt no le connraig a ghabhas sèimheachadh.<sup>40</sup>

### 4.1.2 Litreachadh Ainmean à Cànanan Eile

Cha bu chòir ainmean à cànanan eile a shèimheachadh.<sup>41</sup> (Faic 4.2.3.4.)

### 4.1.3 Gnè

'S urrainn do ghnè ainmearan a bhith diofraichte a rèir dualchainnt.<sup>42</sup> Tha eadar-dhealachadh ri fhaicinn air feadh na h-Alba ann an ainmean a bha neodrach san t-Sean Ghàidhlig.<sup>43</sup> Mura h-eilear cinnteach à gnè eileamaid, bu chòir dualchainnt na sgìre a rannsachadh feuch an urrainnear a' ghnè a thomhas tro eisimpleirean eile. (Faic 3.1.2.)

### 4.1.4 Lusan

Ann an cuid a dh'ainmean-àite, bu chòir dèligeadh ri briathran lusan mar bhuadhairean (ged a tha iad neo-dheimhinnt agus sa ghinideach gu foirmeil).<sup>44</sup> (Faic 4.2.2.2.)

## 4.2 Stiùireadh air Gnàthachadh

### 4.2.1 Eileamaidean

Faic 3 san Èarr-ràdh Liosta de Bhriathran, sgrìobhainn fa leth.

### 4.2.2 Prionnsapalan nas Fharsainge

#### 4.2.2.1 Tùs-àite

Ann an cuid a shuidheachaidhean, tha an tùs-àite sna riochdan Gàidhlig is Beurla aig ainm-àite diofraichte.<sup>45</sup> (Faic 6.2.)

<sup>37</sup> M.e. Am Monadh Mòr > Gleann a' Mhonaidh Mhòir (NS016300).

<sup>38</sup> M.e. Loch Beinn a' Mheadhain (NG923286), 's e sin an loch aig Beinn a' Mheadhain, agus Beinn a' Mheadhain (NG918288) fhèin na ainm-àite.

<sup>39</sup> M.e. Port Glasgow ~ Port Ghlaschu (NS326744).

<sup>40</sup> M.e. Loch na Creige Duibhe (NM763850) – 's i A' Chreag Dhubh (NM768844) am feart. Chan eil sèimheachadh an seo a chionn 's gu bheil an t-ainm a' tòiseachadh leis an alt.

<sup>41</sup> M.e. Belford Road ~ Rathad Belford (NN108742).

<sup>42</sup> M.e. 's e facal boireann a th' ann an *giùthsach* mar as àbhaist ach tha am facal fireann anns an ainm Kingussie ~ Ceann a' Ghiùthsaich (NH756006).

<sup>43</sup> M.e. Inbhir: Inverton ~ Baile an Inbhir (fireann) (NN745992) ach Inver Cottage ~ Taigh na h-Inbhearch (boireann) (NR441714).

<sup>44</sup> M.e. Badcall ~ Am Bad Call, gin. a' Bhaid Choill (NC157409). Tha dèligeadh ri *call* an seo mar bhuadhair, ged as e ainmear a th' ann.

<sup>45</sup> M.e. Burnside ~ Taigh an Uillt, far a bheil an riochd Gàidhlig co-cheangailte ri taigh àraidiach an riochd Beurla ris an àite ri taobh an uisge.

#### 4.2.2.2 Lusan agus Fiadh-bheatha

Bu chòir ainmean chraobhan is lusan is eile a bhios a' nochdadhbh mar eileamaidean sònrrachaidh ann an ainmean Beurla a chur anns an tuiseal ghinideach shingilte anns a' Ghàidhlig. Faodaidh ainmean eun is bheathaichean a bhith singilte no iolra mar as iomchaidh.<sup>46</sup> (Faic 4.1.4.)

#### 4.2.2.3 Iolra

Faodar an riochd Gàidhlig aig ainm-àite ainmear singilte a chleachdadhbh ged as e eileamaid iolra a th' anns an ainm sa Bheurla Ghallta no sa Bheurla Shasannaich. Bidh seo a' tachairt mar as trice ann an suidheachaidhean far an deach ainm air feart nàdarra na ainm tuineachaidh. Ma bhios an t-ainm a' riochdachadh corra rud fa leth an da-rìribh (ainmean sràide nam measg<sup>47</sup>), faodar an t-iolra a chleachdadhbh anns a' Ghàidhlig.<sup>48</sup>

#### 4.2.2.4 Àireamhan

Ma bhios àireamh àraighe a' nochdadhbh ann an ainm sa Bheurla Ghallta, faodar a fágail às an ainm Ghàidhlig far am bi i a' riochdachadh na bun-smuaine 'grunnan' no 'iomadh' agus mura h-i seo an aon eileamaid shònrrachaidh.<sup>49</sup> Cha chuirear seo an gnòmh ma bhios aonadan tomhais talmhainn a' nochdadhbh anns an ainm.<sup>50</sup>

#### 4.2.2.5 Eileamaidean san Tuiseal Ghinideach Iolra

Bu chòir an riochd bunasach singilte a chleachdadhbh seach an riochd ginideach iolra mar as àbhaist ann an ainmean-àite anns am bi ainmear iolra san tuiseal ghinideach agus far a bheil dà roghainn ceadaichte ann an Gàidhlig an latha an-diugh.<sup>51</sup>

#### 4.2.2.6 Dathan

Tha dathan na Gàidhlig gan cur an cèill ann an dòigh shònrrachite ann an ainmean-àite:

Chithear 'green' ann an ainmean Beurla mar eadar-theangachadh air *glas*, *gorm* no *uaine*.<sup>52</sup>

Chithear 'red' mar eadar-theangachadh air *ruadh* no *dearg*.<sup>53</sup>

Chithear 'white' mar eadar-theangachadh air *bàn*, *geal* no *fionn*; a thuilleadh air dath, tha *bàn* a' ciallachadh talamh fàs no falamh, ged a tha e coltach nach bi a' chiall seo a' nochdadhbh ann an ainmean-àite;<sup>54</sup> ann an cuid a dh'ainmean-àite, gu h-àraighe ainmean co-cheangailte ri creagan, tha *geal* a' ciallachadh 'deàlrach';<sup>55</sup> tha *fionn* ga chleachdadhbh sa bhrìgh 'soilleir', gu h-àraighe ann an ainmean co-cheangailte ri uisge.<sup>56</sup>

<sup>46</sup> M.e. Oak Road ~ Rathad an Daraich.

<sup>47</sup> M.e. University Gardens ~ Gàrraidhean an Oilthigh ach Strathspey Gardens ~ Gàrradh Srath Spè far a bheil *gardens* (iolra) a' ciallachadh 'aon ghàrradh mòr'.

<sup>48</sup> M.e. Standing Stones ~ Na Clachan Mòra

<sup>49</sup> M.e. Well of the Seven Heads ~ Tobar nan Ceann (NN303991), ach cha chuireadh seo an cèill le Ninewells (iomadh eisimpleir).

<sup>50</sup> M.e. Forty Shilling Land ~ An Dà Fhichead Sgillinn (NN7543).

<sup>51</sup> M.e. Allt nam Bùth seach Allt nam Bùithtean.

<sup>52</sup> M.e. Greenstone Point ~ Rubha na Cloiche Uaine (NG857984); Greenfaulds ~ A' Bhuaile Ghlas (NS751732); Green Dasses ~ Meall Gorm (NG913486).

<sup>53</sup> M.e. An Tobar Ruadh air tobar anns a bheil iarann no chalybeate.

<sup>54</sup> M.e. Edinbane ~ An t-Aodann Bàn (NG347515).

<sup>55</sup> M.e. An Geal-Chàrn (NN475744).

<sup>56</sup> M.e. Am Fionn-Allt (NC328245).

## 4.2.3 Ainmean Pearsanta

### 4.2.3.1 Ainmean Teaghlaich Gàidhlig

Mar as àbhaist, thèid ainmean teaghlaich Gàidhlig a chur an cèill anns an tuiseal ghinideach ann an ainmean-àite.

### 4.2.3.2 Daoine fa Leth

Faodar far-ainm stèidhichte a chur an cèill ma bheir e iomradh air neach fa leth,<sup>57</sup> ach mar as àbhaist bidh ainmean teaghlaich anns am bi *Mac* a' nochdad a' cleachdad an riocd ghinidich *Mhic*,<sup>58</sup> agus bidh ainmean teaghlaich eile a' dèanamh feum den alt shingilte agus riocd buadhaireach an ainme;<sup>59</sup> ma bheir an t-ainm-àite iomradh air teaghlaich no cinneadh san fharsaingeachd, bithear a' cleachdad an uilt iolra agus riocd bhuadhaireach an ainme.<sup>60</sup> Mura h-eil e soilleir an e neach, teaghlaich no cinneadh air an dèanar luaidh, bu chòir dèiligeadh ris an ainm mar gur e neach a tha fa-near.<sup>61</sup> (Faic 3.3.1.)

### 4.2.3.3 Ainmean Teaghlaich Èireannach is Manannach

Bu chòir ainmean teaghlaich à Gàidhlig na h-Èireann no Gàidhlig Mhanainn a litreachadh a rèir modh litreachaidh Gàidhlig na h-Alba, a' gabhail a-steach nan eileamaidean singilte ginideach *Mhic*<sup>62</sup> agus Ò<sup>63</sup> (faic 3.3.3).

### 4.2.3.4 Ainmean Teaghlaich à Cànanan Eile

Mar as àbhaist, cha bu chòir ainmean teaghlaich à cànanan eile a shèimheachadh no atharrachadh ann an dòigh eile.<sup>64</sup> (Faic 4.1.2.)

### 4.2.3.5 Ciad-ainmean

Bu chòir ciad-ainmean aig a bheil dreach aithnichte Gàidhlig a chur an cèill leis an ainm Ghàidhlig anns an tuiseal ghinideach mar as iomchaidh.<sup>65</sup> Nuair nach eil ainm Gàidhlig ri fhaotainn no iomchaidh,<sup>66</sup> cha bu chòir an t-ainm a shèimheachadh no a thras-litreachadh.<sup>67</sup>

<sup>57</sup> M.e. Sir Hector MacDonald Road ~ Rathad Eachainn nan Cath.

<sup>58</sup> M.e. McDonald Road ~ Rathad MhicDhòmhnaill (NT261751).

<sup>59</sup> M.e. Fraser Road ~ Rathad an Fhrisealaich, 's e sin neach air a bheil an t-ainm teaghlaich/cinnidh Friseal.

<sup>60</sup> M.e. Fraser Road ~ Rathad nam Frisealach, 's e sin teaghlaich/cinneadh nam Frisealach.

<sup>61</sup> M.e. Fraser Road ~ Rathad an Fhrisealaich, chan eil e soilleir an e neach no an cinneadh a tha fa-near.

<sup>62</sup> M.e. MacCarthy Road ~ Rathad MhicCárthaigh, is chan e Mhic Cáirthaigh.

<sup>63</sup> M.e. O'Connell Road ~ Rathad Ò Chonaill.

<sup>64</sup> M.e. Belford Road ~ Rathad Belford (NN108742).

<sup>65</sup> M.e. George Road ~ Rathad Sheòrais.

<sup>66</sup> M.e. Gladstone Road ~ Rathad Gladstone.

<sup>67</sup> M.e. Victoria Quay ~ Cidhe Bhictoria (NT2767) a tha a' dol an aghaidh na riaghailte.

#### 4.2.3.6 Tiotalan

Bu chòir tiotalan dhaoine a nochdas gu h-iomlan a chur an cèill leis an alt agus an tiotal anns an tuiseal ghinideach, gu h-iomlan no air a ghiorrhachadh, leis a' chiad-ainm anns an tuiseal bhunasach.<sup>68</sup>

#### 4.2.3.7 Naoimh

Bu chòir *Naomh* a chur an cèill mar thiotal. Cha bu chòir *Naomh* a chleachdad an dèidh *Cill(e)*, le naoimh Cheilteach no le *Moire* (St Mary).<sup>69</sup> Ma tha an t-ainm san tuiseal ghinideach, bu chòir an t-alt ginideach *an* a chur an cèill le *Naoimh*,<sup>70</sup> agus an uair sin riochd bunasach an ainme. Mar as àbhaist, bu chòir ainmean air naoimh bhoireann a shèimheachadh san tuiseal ghinideach, eu-coltach ri ainmean boireann saoghalta nach bithear a' sèimheachadh.<sup>71</sup>

#### 4.2.3.8 Ainmean às a' Bhìoball

Bu chòir riochd sònraichte a chleachdad ma tha ainm a' buntainn do phearsa anns a' Bhìoball. Faic 3 san Eàrr-ràdh Liosta de Bhriathran, sgrìobhainn fa leth.

### 4.3 Briathran Eadar-theangachaidh

Faic an Eàrr-ràdh Liosta de Bhriathran, sgrìobhainn fa leth, far a bheil liosta a thuilleadh air na puingean gu h-àrd.

### 4.4 Ainmean air Leasachaidhean

Bu chòir oidhirp a dhèanamh co-ionannachd ann an riochdan Gàidhlig is Beurla a dhèanamh soilleir ann an suidheachaidhean far a bheil ainm Gàidhlig a dhìth air sràid no togalach no leasachadh eile air a bheil ainm Beurla a-cheana. (Faic 2.5.) Faodar a bhith sùbailte ann an cùisean mar seo gus dreachan Gàidhlig is Beurla an ainme a chumail mun aon fhad.<sup>72</sup>

#### 4.4.1 An t-Alt

Cha bu chòir alt toisich a shealltainn sa Ghàidhlig far nach bi alt a' nochdad san riochd Bheurla gus ainmean a chumail mun aon fhad.<sup>73</sup> Chan eil seo iomchaidh a thaobh ainmean sràide anns a bheil ainmean-àite.

### 5. San Dealachadh

Feumaidh dealbhadh corporais a bhith gluasadach agus is gann a bhios oidhirpean air cunbalachd a ruiginn coileanta. Mar sin, chan i an sgrìobhainn seo ach an ìre as ùire sa phròsas. Chuireadh AÀA fàilte air beachdan is molaidean a chuireadh ri ionlanachd, ùghdarras is feumalachd dhreachan eile san àm ri teachd.

<sup>68</sup> M.e. Doctor MacDonald Road ~ Rathad an Dr Dòmhnullach; Captain Stewart's Road ~ Rathad a' Chaipein Stiùbhart.

<sup>69</sup> M.e. St Bridget Road ~ Rathad Bhrigde.

<sup>70</sup> M.e. St Margaret's Crossing ~ Drochaid an Naoimh Mairead.

<sup>71</sup> M.e. Tobermory ~ Tobar Mhoire (NM504554) ach Sgeir Mairi (NR703628).

<sup>72</sup> M.e. St Columba's Way ~ Slighe Chaluim Chille (às aonais *Naomh*)

<sup>73</sup> M.e. Main Road ~ Prìomh Rathad.

## 6. Èarr-ràdh

### 6.1 Briathran a thathar a' moladh

Tha liosta ùr-nòsach de bhriathran a thathar a' moladh ri faotainn air làrach-lìn AÀA as urrainnear a chleachdadhbh mar stiùir gus ainmean Gàidhlig ùra a dhèanamh, a leithid ainmean sràide. Cha bu chòir gabhail riutha mar bhriathran deimhinnte; tha sùbailteachd ceadaichte a rèir co-theags.

### 6.2 Liosta de Bhriathran Teignigeach

ainm-àite Gàidhlig	Ainm-àite, a dh'aindeoin tùs cànanach an ainme, a tha ga chleachdadhbh le Gàidheil nuair a bhios iad a' bruidhinn na Gàidhlig. <sup>74</sup> (Faic 1.6.)
ainm teaghlaich	Ainm pearsanta air buill den aon teaghlaich.
àrainneachd Ghàidhlig	Sgìre no àrainneachd chruinn-eòlach anns am bi ainmean a bhuineas dhan chànan mar phàirt den àrainneachd ainm-eòlaich. Milieu sa Bheurla/Fhraingis.
ciad-ainm	Ainm pearsanta seach ainm teaghlaich a bheirear air duine, mar as àbhaist aig àm breith, gus a shònachadh bho chàch.
cuspair	An nì air a bheilear a' luaidh. A thaobh ainmean-àite, tha seo a' ciallachadh an àite no an fheirt air am bi an t-ainm-àite a' luaidh seach an t-ainm fhèin.
eadar-theangachadh	A bhith a' tionndadh ainm-àite do chànan eile, fhad 's a ghleidhear a bhrìgh.
eileamaid	Bloigh ainm-àite.
eileamaid shònachaidh	Eileamaid (a tha na buadhair no ainmear mar as trice) a bheir tuairisgeul air a' ghnàth-eileamaid.
gnàth-eileamaid	Eileamaid anns am bi fiosrachadh mun t-seòrsa àite air a bheilear a' luaidh. Mar as àbhaist, bidh eileamaid shònachaidh ceangailte ris a' ghnàth-eileamaid.
leasachan	Buadhair no ainmear a chuirlear ri ainm-àite gus a chur an cèill mar a chaidh àite tuineachaидh a roinn na cuibhreannan fa leth (Faic 6.1).
tras-litreachadh	Mar eisimpleir, a bhith a' dèanamh ainm Gàidhlig de dh'ainm à cànan eile le bhith a' cleachdadhbh modh litreachaidh Gàidhlig gus fuaimneachadh Gàidhlig – cho mòr 's as urrainn – a nochdadhbh.

<sup>74</sup> M.e. thathar a' meas gur e ainm Gàidhlig a th' ann an Lacsabhat (NB251381) a dh'aindeoin a fhreumh Lochlannais.

trìd-shoilleir

Tha ainm trìd-shoilleir nuair a bhios a fhreumhachd follaiseach do luchd-labhairt àbhaisteach Gàidhlig na h-Alba no na Beurla Gallta.

## 6.3 Modhan is Pròsasan Rannsachaidh

Cha bu chòir làn-earbsa a chur ann an ciall ainme air a' chiad sealladh ged a bhios cuid sìmplidh gu leòr. Bidh tùsan agus modhan rannsachaidh eadar-dhealaichte a rèir sgìre, staid na Gàidhlig anns an sgìre, a bheil i beò mar chànan coimhleasachd, a bheil i air crionadh o chionn ghoirid no an d' fhuair i bàs anns an sgìre o chionn iomadh linn. Tha grunnan irean am broinn a' phròsas rannsachaidh seo:

### 6.3.1 Bun-rannsachadh

Bu chòir am fiosrachadh a leanas a rannsachadh gus eileamaidean an ainme a shònachadh:

#### 6.3.1.1 Fuaimneachadh Ionadail

Chan fheum 'duine ionadail' a bhith a' ciallachadh cuideigin a tha a' fuireach anns an sgìre an-dràsta. Bu chòir daoine a shònachadh aig a bheil dlùth-cheangal ri dualchas na sgìre, m.e. seann daoine a thogadh anns an àite ('s math dh'fhaodte nach eil ionadail leis nach eil iad a' fuireach ann tuilleadh, ach bu chòir an cuid fianais a mheas na bu chudromiche na cuideigin a tha air tighinn don sgìre o chionn ghoirid). 'S e an riochd Gàidhlig as fheàrr ach tha feum uaireannan air an riochd Beurla Ghallta far an cuir sin ri eòlas air fuaimneachadh an ainme Ghàidhlig.

#### 6.3.1.2 Fianais Sgrìobhte

Bu choir fianais sgrìobhte air riochd Gàidhlig an ainme ann an cànan no modh litreachaidh no de dh'aois sam bith a rannsachadh. B' urrainnear an fhianais seo a shireadh ann an obair sgoilearan earbsach, ann an litreachas na Gàidhlig san fharsaingeachd no ann an tùsan nas sine, a leithid chairtean no mhapaichean. (Faic an [liosta leughaidh](#) againn far a bheil liosta de dh'obair sgoileireil earbsaich.)

#### 6.3.1.3 Beachdan Sgoilearan Earbsach

Bu chòir beachdan sgoilearan earbsach air ciall ainme no air eileamaidean am broinn ainme a rannsachadh. (Faic an [liosta leughaidh](#) againn far a bheil liosta de dh'obair sgoileireil earbsaich.)

#### 6.3.1.4 Ainmean Coltach agus Cuspairean

Ann an suidheachadh far a bheil eileamaidean an ainme aithnichte ach nach eil an riochd fuaim-eòlach no na h-eileamaidean cànanachais dearbhte, 's math dh'fhaodte gum feumar sgrùdadh a dhèanamh air ainm-àite eile anns am bi

an aon eileamaid a' nochdad is far a bheil an riochd Gàidhlig ceart dearbhte.<sup>75</sup> Tha seo fior chudromach nuair a thathar a' rannsachadh ainmean sràide agus ann an sgìrean far nach eil a' Ghàidhlig ga bruidhinn tuilleadh.<sup>76</sup>

## 6.3.2 Pròsasan a Bharrachd

### 6.3.2.1 Co-chomhairleachadh Poblach

Bu chòir co-chomhairleachadh poblach air an ainm-àite agus air an adhbhar a chumail. Faodar co-chomhairleachadh poblach slàn a chumail no fear anns nach biodh ach taghadh de dhaoine no buidhnean aig a bheil eòlas iomchaidh. Far am bi eas-aonta eadar soidhnichean dà-chànanach stèidhichte agus a' chomhairle seo, bu chòir an riochd Gàidhlig atharrachadh nuair a thèid soidhnichean ùrachadh ach an aontaich e ris a' chomhairle seo, ach nuair a thathar a' meas gu bheil an riochd Gàidhlig a th' ann an-dràsta ga chleachdadh leis a' mhòr-shluagh no gu bheil adhbhar eachdraidheil àraidh ann.

### 6.3.2.2 Dearbhadh

Bu chòir dearbh-leughadh a chur an sàs aig gach ìre sgrìobhaidh, taidhpidh agus clò-shuidheachaидh. Mar sin dheth, feumar riochd an ainme a bhios AÀA a' tairgsinn do dhuine sam bith a dh'iaras e a dhearbhadh agus feumar an t-ainm mar a bhios e a' nochdad air riochd chruaidh a dhearbhadh, mar eisimpleir nuair a chuirear an t-ainm air an t-soidhne fhèin.

### 6.3.2.3 Clàradh Ainmean

Bu chòir ainmean a chlàradh is an cur ris an Stòr-dàta nuair a thèid am pròsas a thoirt gu crìch. (Faic 1.4.)

## 6.4 Tùsan na Sgrìobhainne seo

Cox, Richard A. V. (1997) 'Modern Scottish Gaelic Reflexes of Two Pictish Words: \*pett and \*lannerc', *Nomina* 20, 47–58.

Cox, Richard A. V. (2007) 'The Development of Old Norse -rð(-) in (Scottish) Gaelic', *Language Contact in the Place-Names of Britain and Ireland*, air a dheasachadh le Paul Cavill agus George Broderick. English Place-Name Society: Nottingham.

*Dictionary of the Scots Language:* <http://www.dsl.ac.uk/>.

Grannd, S. (2013), *Gàidhlig Dhùthach MhicAoidh*. Taigh na Gàidhlig Mhealanais.

James, A. (2011), *Brittonic Language in the Old North*: <http://www.spns.org.uk/resources/the-brittonic-language-in-the-old-north/>

Scottish Qualifications Authority (2009), *Gaelic Orthographic Conventions 2009* [GOC]: <http://www.sqa.org.uk/>.

Taylor, S. (2005), *Guide to Gaelic Origins of Place Names in Britain*. Ordnance Survey:

<https://getoutside.ordnancesurvey.co.uk/guides/the-gaelic-origins-of-place-names-in-britain/>.

Taylor, S., with G. Márus (2012), *Place-names of Fife Vol. 5 Discussions, Glossaries, Texts*.

<sup>75</sup> M.e. 's urrainnear Newton eadar-theangachadh mar Am Baile Ùr a rèir eisimpleirean eile den ainm Newton anns a' Ghàidhealtachd.

<sup>76</sup> M.e. tha Cart Lane ann an cruinneachadh de shràidean mu aibhnichean agus air ainmeachadh air an abhainn Cart seach air a' charbad.